

AINM:

CLAS:

Ìre 4-7 Fìleantaich

# Tormod Bochd

le Eilidh Watt



Leugh an sgeulachd. Coimhead air na faclan/abairtean air an taobh chli agus lorg a' chiall as fhaisge orra anns an liosta air an taobh dheas:

## Faclair

leathad	adhar
iarmailt	cladh
saltairt	tinneas anns am bi na fàireagan ag at
tostach	tha mi den bheachd
rèilig	coiseachd
ar leam	sàmhach
dochann	tarraing
mealladh	leòn
an t-at plocach	bruach



*Chan eil freagairt agam do na ceistean.*

### Ceistean

Freagair na ceistean gu h-ìosal:

1. Dè an cleachdadh a bh' aig an sgrìobhadair mus deach i a laighe?
2. Mìnich dè am manadh a fhuair i fhad 's a bha i na seasamh a-muigh.
3. Dè an dearbhadh a tha againn gur e manadh a bha seo is nach do thachair e idir?
4. Tagh pìos às an stòiridh a dhearbhas nach do dh'inns i do dhuine sam bith eile dè chunnaic i.
5. Dè an t-eagal a bh' oirre an oidhche ud?
6. Ciamar a fhuair i faochadh an ath latha?
7. Ciamar a rinn i cinnteach gum biodh Tormod dhachaigh còmhla rithe airson a' gheamhraidh?
8. Carson a shaoil i nach biodh Tormod airson tighinn dhachaigh?
9. Inns mun tubaist a mharbh Dòmhnall.
10. Ciamar a bha e follaiseach nach do thuig i ceart am manadh a bha i air fhaicinn?
11. Dè na ceistean a chuir dragh oirre bhon latha ud a-mach?
12. Dè a beachd air ro-shealladh a-nise?

## Sgrìobhadh

“Chan eil mi a’ creidsinn idir anns an dara sealladh. Chan eil an sin ach daoine a tha math air sgeulachdan innse. Cò riamh a fhuair fianais gun robh a leithid de rud ann?”

Dè do bheachd fhèin? Sgrìobh aiste bheachdail a’ mìneachadh carson a tha thu ag aontachadh no a’ dol às àicheadh seo, le fianais bhon eòlas agad fhèin agus on a bhith a’ dèanamh beagan rannsachaidh. Gheibh thu barrachd mu dheidhinn air [www.ambaile.org](http://www.ambaile.org) agus ann an leabhraichean mun fhiosaiche, Coinneach Odhar. Leugh cuideachd na sgeulachdan eile aig a bheil ceangal ri gnothaichean os-nàdarrach ann an **Eadar Dà Sgeul**. Bheir iad cothrom dhut barrachd cnuasachaidh a dhèanamh air a’ chùis:

**Na Solais** le Iain MacDhòmhnail

**Taibhs** à Geugan Uaine

**Cogais Ghoirt** le Dòmhnall Alasdair Dòmhnallach

**An Lioft** le Mona Striwe